

Dè bhios a' tachairt do dhaoine nuair a bhios iad sgarichte bho an àrainneachd, nuair a tha cànan no cultar air a chall? Ciamar a tha sin buntainneach do mhathas a' phlanaid? Sin cuid de na ceistean a dh'fhaighnich mi aig àm còmhnaidheachdan *Freumhaichte*.

Thòisich na còmhnaidheachdan airson *Freumhaichte* ann an coimhearsnachdan Gàidhlig Innse Gall ann an Alba; àite a tha air a bhogadh ann an uail chultarach agus bòidhchead nàdair. Sna bliadhnaichean a dh'fhalbh, tha an ath-bheothachadh anns a' Ghàidhlig agus an ath-thogail air misneachd a tha aig daoine nan dearbh-aithne chultaraich, air beathalachd ùr a tharraing don àite aca, do an cultar agus do an soirbheas. Tha seo astar fada bho lèirsgrìos nam Fuadaichean, far an tugadh air daoine teicheadh fo làmhachas-làidir bho an dachaighean a bha air an losgadh gu talamh, gu tìrean cèin gun chòraichean fearainn, an cànan toirmisgte, an cultar saidhbhir air cur às dha; àite far am faodadh òrain a' tighinn bhon chridhe suaineadh mun cuairt na h-oirthir agus air ais a-rithist, mu dheidhinn call agus ionndrainn airson an luchd-gaoil agus airson dùthaich nach fhaca mòran dhiubh gu bràth tuilleadh. Fhad 's a bha mi sna h-Eileanan an Iar, thuirt mòran de na daoine òga ris an robh mi a' bruidhinn gun do dh'fhàs iad suas le Gàidhlig san dachaigh, ach thuirt feadhainn eile nach robh Gàidhlig san dachaigh ach gum b' fheàrr leotha gun robh. Tha iad mothachail gu bheil cothroman ann do luchd-labhairt na Gàidhlig agus tha faireachdainn ann gu bheil an cànan mar cheangal deatamach gu cultar, na cheangal làidir ri dearbh-aithne agus ri tùs pròis. Tha inbhe thèarainte aig a' Ghàidhlig a-nis fo lagh na h-Alba.

Bho na 1970an, tha feabhas cunbhalach is seasmhach air a bhith a' tighinn ann an ìomhaigh na Gàidhlig agus anns a' chudromachd a thathar a' toirt don Ghàidhlig. Tha staitistigean a' taisbeanadh gu bheil an crìonadh anns an àiream de luchd-labhairt na Gàidhlig cha mhòr air socrachadh. Ann an Glaschu, tha Gàidhlig air soirbheachadh gu làidir. Tha am baile suidhichte aig fìor aghaidh leasachadh Ealain, Foghlam, Litreachas, Craoladh agus Cànan na Gàidhlig. Ach feumar a bhith furachail. Cha dèan cànan leis fhèin cinnteach gun soirbhich cultar; feumaidh e a bhith co-aonaichte le dòigh beatha. Anns an dàrna h-ìre de na còmhnaidheachdan agam, chaidh mi tarsainn na cruinne-cè gus coinneachadh ri luchd-còmhnaidh tùsail dùthcha far an do thuinn mòran de na Gàidheil a bha gu h-eachdraidheil air am far-fhuadach: Astràilia.

Tha co-cheangal eadar sgeulachdan tùsanaich Astràilia agus Gàidheil Alba. Ach ann an Astràilia, tha an eachdraidh bhrùideil nas ùire agus tha buil sin glè ghoirt.

Tha meas mòr air Astràilia mar dhùthaich mar thoradh air grian agus muir agus an dòigh-beatha shaorsainneil. Ach tha taobh eile air Astràilia a tha a' fuireach falaichte ann am beatha làitheil na mòr-chuid a tha a' còmhnaidh mu thimcheall nan oithirean beairteach. Chan e sgeul a th' ann a tha air a nochdadh gu follaiseach don t-saoghal.

De mu dhà cheud gu leth buidheann cànan le timcheall air sia ceud dualchainnt ann an Astràilia ro àm nan coloinidhean, san latha an-diugh chan eil ach suas ri fichead a thathar a' meas làidir; 's e sin, air an labhairt leis na ginealaichean uile agus a' dùileachadh a bhith soirbheachail. Tha nas lugha na seasgad cànan aig a bheil farsaingeachd briathrachais sam bith air a thoradh le cànanaich. Tha Sgeulachdan nan Aislingean caillte, tha Loidhnichean Òrain briste, agus tha Nàiseanan de dhaoine fhathast a' fulang bho bhuil oillteil far-fhuadach, lèirsgrìos is èigneachadh; agus imrich gun chead air clann air falbh bho an teaghlachan gu miseanan far an robh tur-bhacadh air cànan is cultar, suas gu na 1970an.

Cha b' ann gu 1976 a thèarainn a' chiad Achd Còraichean Fearainn Tùsanaich còraichean air fearann agus a thàinig iad faisg air an ceann-uidhe a choileanadh ann an 1983. Ach tha gnìomhachas mèinnearachd agus iniltèaran air èirigh nan aghaidh, glè thric le taic bhon riaghaltas aig gach ìre.

Tha na ceistean a thathar a' togail ann am *Freumhaichte* co-cheangailte ri buil a leithid sin de bhriseadh-ceangail air an dà chuid daoine agus an àrainneachd.

Do dhaoine, tha an fhianais ann am bròn mòran de na h-òrain Gàidhlig; agus boillsigidhean de sholas anns an t-slànachadh a lorgar tro ath-cheangal. Ann an Glaschu, tha obair Galgael mar phrìomh eisimpleir. Mar bhuidheann, tha iad a' cur luach air leasachadh sgilean traidiseanta agus cruthachadh coimhearsnachd bhailteil dhaibhsan a tha air an tilgeil gu oir a' cho-chomainn mar thoradh air cion obrach, lionn-dubh no ro-dhèidhealachd.

Dìreach mar sin ann an Astràilia, tha slànachadh glè thric air a lorg ann an ath-cheangal le Dùthaich. Bha mòran de Tùsanaich Astràilia a thug an sgeulachdan do *Freumhaichte* air a thighinn air ais bho lionn-dubh, alcolachd no briseadh inntinn, le bhith ag ath-cheangal le an dùthaich tro chultar traidiseanta, a' lorg pròis annta fhèin agus a' crathadh dhiubh an nàire a thugadh orra a bhith a' faireachdainn. Mar a thuirt aon bhoireannach òg Bidjara, "*Feumaidh tu obrachadh a-mach cò thu gus a bhith mar an neach a tha thu.*"

Tha mo thoirt am bruid ann an Alice Springs ag eisimpleireadh aon de na trioblaidean a tha fhathast mu choinneamh Tùsanaich Astràilia anns na Dùthchannan Tuath gus an latha an-diugh. Tha buil fòirneart agus far-fhuadach ann am beachd mòran, air an dèanamh nas miosa le modhan an riaghaltais leithid eadar-theachd agus cur an grèim cobhrach. Tha cumhachdan libearalach nam poileas, nach eil umhail do mhòran cunntachalachd, air suidheachadh a chruthachadh far am faodainn-sa a bhith air mo thoirt am bruid gun ath-dhioladh sam bith, dìreach airson ceist a chur mu dheidhinn nam poileas a bhith a' toirt mo charaid an grèim gun adhbhar bhrìgheil sam bith. Tha a' chùis agamsa, a chaidh a thilgeil a-mach leis a' chùirt, a' taisbeanadh sealladh air an t-seòrsa làimhseachaidh a tha ga chur a-mach don mhòr-shluagh ionadail Tùsanach.

Is e an dàrna ceist mar a tha briseadh-ceangail a' tar-aiseag gu soirbheas àrainneachdail; na draghan a chuala mi bho mhòran a thaobh na bagairt làithreach air monaidhean na Gàidhealtachd bho leasachaidhean thuathan-gaoithe le luchd-seilbh à dùthchannan cèin; a' bhagairt air mèinneadh agus fracadh air fearann nan Tùsanach; na cànanan a tha a' taisbeanadh fiosrachaidh èic-eòlach a' cothachadh ri an cur a-mach à bith.

Dh'fhaodadh nach robh gach seòrsa sgrìos air tachairt nan robh sinn air fuireach nas ceangailte ris an fhearann. Na Tùsanaich a' coiseachd, a' stiùireadh Loidhnichean-Orain a bha gan ceangal tarsainn na dùthcha air fad, astar an siubhail a' cuideachadh le bhith a' sùghadh a-steach uileadh na tìre mun cuairt orra; fuaim chasan air talamh a' clàradh cuimhneachan corporra; no an ceangal ris na monaidhean a thàinig leis an imrich teaghlach gu na h-àirighean gach samhradh.

Tha mòran ri ionnsachadh bho bhith a' comharrachadh dhòighean luchd-seilbh traidiseanta air an fhearann. Dh'fhaodadh gum bi mì-ghliocas a bhith a' seachnadh no a' cumail sìos an fhiosrachaidh seo a' toradh ann an sgrìos a' phlanaid againn; dh'fhaodadh gum bi an galair a tha gar stiùireadh sìos an t-slighe seo a' toradh nar briseadh-ceangail bhon fhearann air a bheil ar beatha an eisimeil.